

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Please scroll down for English Version

CATHRAICHE DO BHÒRD NA GÀIDHLIG A CHUR AN DREUCHD

25 An Gearran 2009

Dh'ainmich Ministear a' Chultair, Cùisean Taoibh A-muigh agus a' Bhun-reachd Mìcheil Ruiseil Art MacCarraig an-diugh mar Chathraiche air buidheann leasachaidh nàiseanta na Gàidhlig, Bòrd na Gàidhlig.

Chuir Mìcheal Ruiseil fàilte chridheil air dreuchd ùr Mhgr MhicCarraig. Thuirt e:

“Bidh mi a’ gabhail ùidh mhòr ann an obair a’ Bhùird ’s e a’ leantainn air dòighean ùra inntinneach agus ùr-ghnàthach a lorg gus am bi cothrom aig a’ ghinealach a th’ ann an-dràsta agus ginealaichean ri thighinn cothrom an cànan a chleachdadh ann an diofar shuidheachaidhean. ’S ann tro leudachadh air na cothroman a th’ ann a’ Ghàidhlig a chleachdadh ann am beatha làitheil a bhios a’ Ghàidhlig soirbheachail anns an àm ri teachd, mar a lùigeadh sinn. Tha Bòrd na Gàidhlig làidir aig teis-meadhan a bhith a’ cruthachadh nan cothroman sin a thuilleadh air dealas Riaghaltas na h-Alba a bhith a’ cur luach air cultair na Gàidhlig agus cleachdadh a’ chànain.

“Le bhith ag aithneachadh gum feumar Bòrd làidir agus seasmhach, thairis air na beagan mhìosan ri teachd bidh mi ag ainmeachadh Àrd-oifigear ùr do Bhòrd na Gàidhlig. Tha Riaghaltas na h-Alba air £300,000 a bharrachd a thoirt seachad anns a’ bhliadhna ionmhais seo gus dèanamh cinnteach gum bi an àireamh luchd-obrach agus an stuctair aige a bhios iomchaidh do dhleastanasan a’ Bhùird.

Thuirt Art MacCarraig:

“Tha mi toilichte an dreuchd seo fhaighinn air stèidh nas maireannaiche às dèidh dhomh a bhith anns an dreuchd san eadar-ama. Tha mi den bheachd gur e àm a tha seo a tha làn chothroman nach fhacas ron seo agus àm far a bheil deagh rùn ann airson na Gàidhlig. Seo an cothrom as fheàrr a th’ air a bhith againn a’ Ghàidhlig a dhèanamh nas seasmhaiche agus barrachd leasachaidh a dhèanamh, cho fhad ’s a tha sinn deiseil greimeachadh air na cothroman a tha ri làimh.

“’S e Bòrd na Gàidhlig am prìomh bhuidheann poblach le uallach airson a bhith ag àrdachadh cleachdadh agus ionnsachadh na Gàidhlig, agus airson comhairle a thoirt do Mhinistearan na h-Alba air gnothaichean Gàidhlig. Tha feum aig a’ Ghàidhlig air, agus tha i airidh air, Bòrd gnìomhail ’s leis an sin cumaidh mi orm ag obair le buill agus luchd-obrach a’

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Bhùird, am Ministear agus na h-oifigich aige, buidhnean Gàidhlig agus daoine eile gus na siostaman taice as fheàrr a chuir an àite airson 's gun tig fàs air a' Ghàidhlig.

“S e àm dubhlanach a tha seo ach tha mi a’ creidsinn gu bheil mòran aig a’ Ghàidhlig ri thabhachd a thaobh buannachd do dh’eaconomaidh na h-Alba, gu h-àraidh ann an sgìrean cugallach, tro bhith a’ cruthachadh cothroman cosnaidh seasmhach. Feumaidh sinn a’ phrosbaig a chuir a-rithist air na coimhearsnachdan agus dèanamh cinnteach gu bheil a’ Ghàidhlig air a cleachdadh gu cunbhalach.”

’S ann às an Eilean Sgitheanach a tha **Art MacCarraig** (43), far a bheil e a’ fuireach còmhla ri bhean agus triùir chloinne. Tha e air dearbhadh gu bheil dealas aige do leasachadh na Gàidhlig thairis air iomadach bliadhna agus tha e air leudachadh mòr a thoirt air Fèisean nan Gàidheal, buidheann Ealain Ghàidhlig, air a bheil e na Àrd-oifigear, chun ìre ’s gu bheil i air tè dhe na buidhnean ealain as cliùitiche ann an Alba. Bha Mgr MacCarraig an cois a’ cheathrar dhaoine a chuir Macmeanma, companaidh riochdachaidh ciùil Gàidhlig aig a bheil deagh chliù, air chois. Bha e na Chathraiche air Aros Ent., companaidh a chuidich e a stèidheachadh ann an 1991 ’s a thog Ionad Dualchais an Eilein Sgitheanaich ann am Port Rìgh. Bha e cuideachd aig aon àm na bhall air Comhairle Ealain na h-Alba. Tha e air a bhith na Chathraiche Eadar-amail air Bòrd na Gàidhlig bhon Iuchar 2008.

Bidh an dreuchd seo a’ seasamh ceithir bliadhna bho 2 Màrt 2009 gu 1 Màrt 2013.

’S e dreuchd pàirt-ùine a tha seo le ìocadh bliadhnail de £18,600 mu choinneamh dealas ùine de cheithir làithean gach mìos, a thilleadh air na coinneamhan a bhios aig a’ Bhòrd gach dàrna mìos.

Chan eil dreuchan poblach eile aig Art MacCarraig.

Thathas a’ sùileachadh gum bi an Cathraiche a’ stiùireadh na buidhne na dhleastanasan reachdail co-cheangailte ri Plana Nàiseanta na Gàidhlig agus gus obrachadh le buidhnean poblach air leasachadh agus buileachadh nam planaichean Gàidhlig aca fhèin. Cùmaidh am Bòrd air le dhleastanas ro-innleachd a dhealbh airson leasachadh na Gàidhlig anns an àm ri teachd agus a’ stiùireadh brosnachadh a’ chànan, cultair agus foghlam na Gàidhlig, an dà chuid ann an Alba agus thall-thairis.

Chaidh an cur an dreuchd ministreil poblach seo a dhèanamh ann an co-rèir ri Còd Obrachaidh a’ Choimiseanair airson Dreuchdan Poblach ann an Alba.

Tha daoine air an cur an dreuchd a rèir an airidheachd agus chan eil gnòthaich aig gnìomhan poilitigeach ris a’ phròiseas taghaidh. Ach, an co-rèir ri molaidhean Nolan a bh’ ann bho thùs, bidh gnìomhan poilitigeach an neach a thèid a chuir ann an dreuchd anns na còig bliadhna a chaidh seachad (ma tha gin idir ann) fhoillseachadh gu poblach.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Cha do chuir Mgr MacCarraig gnìomhan poilitigeach an cèill idir.

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



BÒRD NA GÀIDHLIG CHAIR APPOINTED

25 February 2009

Minister for Culture, External Affairs and the Constitution Michael Russell today announced the appointment of Arthur Cormack as Chair of the national development agency for Gaelic, Bòrd na Gàidhlig.

Michael Russell warmly welcomed Mr Cormack's appointment saying:

"I will be taking a keen interest in the Bòrd's work as it continues to identify interesting and innovative ways of enabling current and future generations of Gaelic speakers to use the language in a variety of situations. Increasing the number of opportunities for Gaelic to be used in everyday life is key to the successful future we want for Gaelic. A strong Bòrd na Gàidhlig is central to creating those opportunities as well as to the Scottish Government's commitment to appreciation of Gaelic culture and use of the language.

"Recognising the need for a strong and stable Bòrd, I will be announcing appointment of a new Chief Executive for Bòrd na Gàidhlig within the next few months. The Scottish Government has provided an extra £300,000 in this financial year which will enable the Bòrd to secure a staff complement and structure that is appropriate to its duties."

Arthur Cormack said:

"I am privileged to take up this position on a more permanent basis after fulfilling the role in an interim capacity. I feel that this is an era of unprecedented opportunity and goodwill towards Gaelic. We have the best chance yet of sustaining and further developing Gaelic, as long as we are ready to take up the available opportunities." Bòrd na Gàidhlig is the principal public body responsible for promoting the increased use and learning of Gaelic, and providing advice to the Scottish Ministers on Gaelic issues. Gaelic needs and deserves an effective, active Bòrd so I will continue to work with Bòrd members and staff, the Minister and his officials, Gaelic agencies and others to deliver the best possible support mechanisms to enable Gaelic to grow.

"These are challenging times but I believe that Gaelic has much to offer in terms of its benefits to Scotland's economy, particularly in fragile areas, through sustainable employment opportunities. We must refocus on communities and ensure that Gaelic is used regularly."

Bòrd na Gàidhlig

Brath Naidheachd
Press Release



Arthur Cormack (43) is from Skye, where he lives with his wife and three children. He has demonstrated commitment to Gaelic development over many years, and has built up the Gaelic arts organisation of which he is Chief Executive, Fèisean nan Gàidheal, to be one of the most-respected arts organisations in Scotland. Mr Cormack is one of four founders of Macmeanmna, a well-established and respected Gaelic music production company, and a former Chairman of Aros Ltd, a company he co-founded in 1991 which built the Skye Heritage Centre in Portree. He is a former member of the Scottish Arts Council and has been Interim Chair of Bòrd na Gàidhlig since July 2008.

This appointment will be for four years and will run from March 2, 2009 to March 1, 2013.

The post is part-time and attracts a remuneration of £18,600 for a time commitment of four days per month, in addition to bi-monthly meetings of the Bòrd.

Arthur Cormack does not hold any other public appointments.

The Chair of Bòrd na Gàidhlig is expected to lead the organisation in its statutory duties relating to the National Plan for Gaelic and to work with public bodies on development and implementation of their Gaelic language plans. The Bòrd will continue with its tasks of mapping out a blueprint for the future development of Gaelic and leading the promotion of the language, Gaelic culture and Gaelic education both in Scotland and internationally.

This Ministerial public appointment was made in accordance with the Commissioner for Public Appointments in Scotland's Code of Practice.

All appointments are made on merit and political activity plays no part in the selection process. However, in accordance with the original Nolan recommendations, there is a requirement for appointees' political activity within the last 5 years (if there is any to be declared) to be made public. Mr Cormack declared no political activity.